

## Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaile MG ALBA

Oifisean Deloitte, Dun Eideann

Dimàirt 10 Cèitean 2016, 1000-1500

### Dreachd geàrr-chunntas

**Bòrd:** Daibhidh Brew (*sa Chathair*) Dùghall MacAmhlaigh  
Donaidh MacAmhlaidh

**Luchd-obrach:** Dòmhnull Caimbeul (*Àrd-Oifigear*) Niall M Greumach (*Stiùiriche lonmhais*)  
Alan Esslemont (*Ceannard Phrògraman*) Chris Dòmhnullach (*Stiùiriche Obrachaidh*)  
Mairi Anna NicAonghais (*a' sgrìobhadh geàrr-chunntas*)

### Gnothaichean gnàthach

#### 1 Leisgeulan

Cha robh gin.

#### 2 Gnothach Dearbhte

Cha robh gin.

#### 3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 4/2/16

Aontaichte.

#### 4 Gnothaichean ag èirigh

PACT – chaidh aontachadh gun tigeadh pàipear chun a' Chomataidh le lèirmheas air feallsanachd MG ALBA a thaobh còraichean phrògraman, gu h-àraig a' tomhas buannachd is cosgais ceannach a-mach air fad an coimeas ri buannachd is cosgais chùmhnantan 5 bliadhna agus iar-chùmhnantan 2 bhliadhna a rèir feum às dèidh sin. (Gniomh: NMG)

Clàr coinneamhan – chaidh aontachadh fiosrachadh a bharrachd a bhith air cùl clàr coinneamhan a' Bhùird gus mìneachadh a thoirt air carson a bha coinneamhan gan cumail

ann an àiteachean sònraichte aig amannan agus gun robh cosgaisean air an gabhail a-steach dhan cho-dhùnadh. (Gníomh: MAMI)

Poileasaidh Dìon Chloinne agus Inbhich So-leònte – bhiodh seo air beulaibh an ath choinneamh den Sgioba Àrd-stiùiridh agus rachadh a chuir an cèill sa bhad. Thèid a chuir fa chomhair na Comataidh san Lùnastal agus an uair sin air adhart chun Bhùird airson aonta san t-Sultain. (Gníomh: DC/MAMI)

## 5 In-sgrùdadh riaghlaidh

Bha Claire Robertson bhon luchd-sgrùdaidh BDO an làthair agus thug i seachad taisbeanadh de thoraidhean an In-sgrùdadh air riaghlaidh MG ALBA. Chaith innse gun robhas a' toirt seachd barantas meadhanach air èifeachdas siostaman smachdachaидh na buidhne agus bha molaidhean fo dheasbad air an robh co-dhùnaidhean mar a leanas:

- Gun dèanadh an Sgioba Àrd-Stiùiridh lèirmheas air cosgaisean agus air cairtean creideis;
- Gun rachadh gluasad gu siostam Orduighean Ceannachd (“Purchase Orders”);
- Gun rachadh poileasaidh airson glèidheadh agus cur-às de faidhlichean a dhealbhachadh (file retention and destruction policy) agus gum biodh e air a chur an cèill le fuasgladh teicneòlas;
- Gum biodh ròl gach neach san sgioba coimiseanadh, agus adhbharan air cùlaibh co-dhùnaidhean coimiseanaidh, sgrìobhte agus gu nochdadh buill an sgioba strì eadar ùidhean (“conflicts of interest”) airson a' chlàr nuair a bha iad ag èirigh.

Dh'aontaich a' Chomataidh ri freagairtean an Sgioba Àrd-stiùiridh a' leantainn molaidhean BDO. A thuilleadh air an seo, dh'aontaich a' Chomataidh ri molaidhean BDO airson atharrachaidhean ann an cumhaichean iomraighean na Comataidh agus chaith aontachadh na h-atharraichean iomchaidh a mholadh don bhòrd aig an ath choinneamh den bhòrd.

(Gníomh: NMG)

Thug BDO seachad taing airson a' cho-obrachadh a fhuair i bho sgioba ionmhais MG ALBA.

## 6 Aithisg bhliadhnailean HR

Bha aithisg air beulaibh bhall agus thug an t-Àrd-Oifigear iomradh air agus bha buill riaraichte. Mhol buill gun cumadh an Sgioba Àrd-Stiùiridh leirmheas 360° agus gun rachadh

ceisteachan a chur air luchd-obrach a' tomhas ghnothaichean a bhiodh ag èirigh bho Creideas Nar Cosnaichean.

## **7 Fèin Mheasadh na Comataidh**

Bha pàipear agus toraidhean na fèin measaidhean air beulaibh bhall agus chaidh còmhradh a chumail. Bha a' Chomataidh toilichte iomradh a thoirt don Bhòrd gu bheil obair na Comataidh a' dol gu math, gu bheil cothroman ann pròiseasan a' Chomataidh agus a' Bhùird a leasachadh ann a bhith a' coimhead ri pàipearan agus mar a tha iad gan sgaoileadh, aire a thoirt do thrèanadh airson buill agus airson dòigh-obrachaидh na Comataidh.

Chaidh nochdadh gun robh a' Chomataidh feumach air ball ùr a chur an dreuchd aig an ath choinneamh bùird. (Gníomh: Cathraiche)

## **8 Measadh Chunnartan**

Bha pàipear agus clàr chunnartan air beulaibh bhall. Bha mothachadh ann gu bheil an àireamh de luchd-coimhid nàiseanta air a dhol sìos, mar a tha àireamhan de luchd-coimhid an iPlayer, agus gun robh feum air fuasglaidhean. (Gníomh: Sgioba Ard-stiùiridh)

## **9 Sgrùdadadh in-thaigh**

Bha pàipear air beulaibh bhall a' moladh an treas pròiseact a-mach à ceithir, b 'e sin sgrùdadadh air cosgaisean, agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh aontachadh cumail a' dol le clàr-ama agus le cuspairean airson prògram in-thaigh na buidhne mar a chaidh aontachadh ann an 2014. Chaidh na cosgaisean seo an gabhail a-staigh taobh a-staigh Plana Obrachaidh 2016/17.

Thèid co-dhùnadadh a dhèanamh aig coinneamh na Comataidh air 24/8/16 am bu chòir do bhall den Chomataidh a bhith air a' phannal taghaidh. (Gníomh: NMG)

## **10 Poileasaidh Slàinte & Sàbhailteachd**

Bha aithisg agus poileasaidh air beulaibh bhall agus chaidh còmhradh a chumail. Dh'iarr a' Chomataidh daingneachadh gu robh siostaman iomchaidh ann an àite gus dèanamh cinnteach gu bheil am poileasaidh dha chuir an cèill mar bu chòir. Chaidh innse gu bheil aithisg mhìosail a' tighinn air beulaibh an Sgioba Àrd-stiùiridh. A thuilleadh air an sin, thèid

coinneamhan cairteil a chumail le Comhairliche Slàinte agus Sàbhailteachd na buidhne, an sgioba a tha an sàs sa phoileasaidh agus Claire NicLeòid, Comhairliche HR na buidhne.

Chaidh deasbad a chumail a) air cunntalachd; b) gu bheil am poileasaidh ag aithneachadh gu bheil an luchd-obrach ag obair aig diofar làraich; c) gu bheil an Sgioba Àrd-stiùiridh a' dol a bheachdachadh air an robh feum air àrd-eòlaiche gus dèanamh cinnteach an robhas a' coileanadh aithris a' phoileasaidh (gu bheil am Bòrd dealasach a thaobh a bhith a' lìbhrigeadh an ìre as àirde de thèarainteachd) agus d) gu bheil ìre iomchaidh de fhèicheanas àrachais aig Comhairliche Slàinte agus Sàbhailteachd na buidhne (Gniomh: CMD)

Bha buill riaraichte gu robh cùisean ceart agus iomchaidh agus chaidh taing a thoirt don Stiùiriche Obrachaидh airson a chuid obrach air a' phoileasaidh.

*Bha an luchd-sgrùdaidh an làthair airson puingean 11-13*

**11 Aithisg chun Chomataidh bhon luchd-sgrùdaidh**

Bha aithisg air beulaibh bhall a' daingneachadh gum biodh an luchd-sgrùdaidh a' toirt seachad beachd nach robh cuspairean, atharraichean no foillsichidhean susbainteach a bharrachd a dhìth air na Cunntasan Reachdail. Chaidh mìneachadh a dhèanamh agus chaidh deasbad a chumail. An dèidh moladh no dhà a thoirt seachad, chaidh innse gu robh an luchd-sgrùdaidh den bheachd gu robh siostaman agus cunntasan na buidhne iomchaidh agus gu robh iad gan cuir air adhart chun Bhùird mar a bha iad.

Chaidh daingneachadh gun deach gluasad airson a' chiad turas gu International Financial Reporting Standards (IFRS) ann an Cunntasan Reachdail na bliadhna gu 31 Mart 2016 gun bhuaidh susbainteach air na toraidhean agus le tuilleadh fiosrachaidh agus foillseachaidhean anns an notaichean ri na cunntasan. Chaidh taing a thoirt do sgioba ionmhais na buidhne airson an cuid taic san sgrùdadadh.

**12 Cunntasan bliadhnaile**

Bha dreachd de na Cunntasan Reachdail airson na bliadhna gu 31 Màrt 2016 air beulaibh bhall. Thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh orra agus chaidh deasbad a chumail. Cho-dhùin a' Chomataidh am moladh chun Bhùird.

**13 Aithisg Bhliadhnaill MG ALBA 2015-16**

Bha a' chiad dreach de earrannan na h-Aithisg Bhliadhnaill air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Bha molaidhean aig an luchd-sgrùdaidh agus aig buill a thaobh stoidhle agus teacsa. Rachadh ath-sgrìobhadh a dhèanamh air pìosan iomchaidh mus rachadh e air adhart chun Bhùird airson aonta. (Gníomh: MAMI)

Chaidh taing a thoirt don luchd-sgrùdaidh airson a bhith an làthair.

**14 Plana Obrachaidh 2016/17**

Bha fios mun Phlana Obrachaidh 2016-17 air beulaibh bhall airson fios. Chaidh innse gun deach am Plana aontachadh le Ofcom sa Ghiblean 2016, an dèidh daingneachadh air maoineachadh MG ALBA fhaighinn anmoch sa Mhàrt.

**15 Aithisg Bhliadhnaill na Comataidh 2015-16**

Bha aithisg air beulaibh bhall mu obair na Comataidh ann an 2015-16.

Bha dreach clàr-obrach na Comataidh airson 2016-17 air beulaibh bhall.

Chaidh deasbad a chumail agus bha buill riaraichte. Rachadh na h-aithisgean a chur air adhart chun Bhùird airson aonta. (Gníomh: DB/MAMI)

**16 Aithisgean air leth**

Cha robh gin ann airson a' chairteal seo.

**17 GISBE**

Pàipear Geal - le dùil ri seo air 12 Cèitean chaidh aontachadh gun deidheadh aithris ghoirid air na prìomh phuingean a chuaireachadh air buill. (Gníomh: DC)

Coinneamhan san Dàmhair – chaidh aontachadh coimhead ri deitichean nan coinneamhan atharrachadh. (Gníomh: MAMI)

Pàrlamaid na h-Alba – nuair a bhiodh na BPA ùra air an stèidheachadh, dheigheadh sgrìobhadh chun Phrìomh Mhainistear gus an taic a ghleidheal. Feumar dèanamh cinnteach gu bheil taic thar-phàrtaidh aig a' bhuidheann. (Gníomh: DC)

Rùnaire na Stàite airson Alba agus Morair Forsyth – bha coinneamhan uabhasach taiceil aig a' Cathraiche agus an t-Àrd-Oifigear leotha.

**Deit na h-ath choinneimh – 24/8/16, Steòrnabhagh**

*Ainm sgrìobhте a' Chathraiche:* DB

*Deit:* 4/6/16